



UK Government

**DÈ NÌ SIBH MA
BHÀSAICHEAS
NEACH AIG ÀM
A'CHORONA-BHÌORAIS**

Tha sinn an dòchas gum bi an leabhran seo na chuideachadh dhuibh ma chaill sibh neach aig àm a' chorona-bhìorais.

Tha am fiosrachadh seo a' buaileadh air an dà chuid suidhichidhean ma bhàsaich neach leis a' chorona-bhìoras fhèin no ma bhàsaich neach air sgàth adhbhairean eile. Tha am fiosrachadh seo, dha feadhainn a tha a' fuireach ann an Sasainn, a' dol leis an fhiosrachadh anns an leabhran "Dè nithear ma bhàsaicheas neach" agus air **[gov.uk/when-someone-dies](https://www.gov.uk/when-someone-dies)**.

Tha fiosrachadh feumail an cois an leabhraìn seo gus cuideachadh le teaghlaichean, caraidean is luchd-dàimh a tha ri caoidh gus co-dhùnaidhean cudromach a ruighinn aig an àm èiginneach nàiseanta seo. Thathas a' mìneachadh nan ath cheumanna, thathas a' freagairt ceistean, agus thathas gur seòladh gun cuideachadh is an taic a tha ri fhaotainn.

Thathas cuideachd a' freagairt ceistean a chluinnear gu tric nuair a bhàsaicheas neach aig àm a' chorona-bhìorais. Gheibhear tuilleadh fiosrachadh mu gach suidheachadh tron leabhran seo.

- **Am gabh tiodhlacaidhean a chumail agus cò gheibh thuca?**

- o Gabhaidh tiodhlacaidhean a chumail ach fo na riaghailtean mu astarachadh sòisealta a tha a' dol an-dràsta. Tha sin a' ciallachadh nach fhaod ach glè bheag de dhaoine a thighinn gu tiodhlacadh, no tòrradh. Gheibhear barrachd fiosrachaidh tron leabhran seo agus aig: **[gov.uk/government/publications/covid-19-guidance-for-managing-a-funeral-during-the-coronavirus-pandemic/covid-19-guidance-for-managing-a-funeral-during-the-coronavirus-pandemic](https://www.gov.uk/government/publications/covid-19-guidance-for-managing-a-funeral-during-the-coronavirus-pandemic/covid-19-guidance-for-managing-a-funeral-during-the-coronavirus-pandemic)**

- **Am bu chòir tiodhlacaidhean àite a ghabhail cho luath is a ghabhas?**

- o Bu chòir. Bu chòir dhaibh an cumail cho luath is a ghabhas. Gheibhear barrachd comhairle gus seo a ghluasad air adhart anns an leabhran seo.

- **Dè an taic airgid a tha ri fhaotainn?**

- o Tha diofar seòrsaichean taic airgid ann dha feadhainn a tha ri bròn, agus is dòcha gu bheil còirichean agaibh aig an taic seo. Gheibhear barrachd fiosrachaidh aig **[gov.uk/when-someone-dies](https://www.gov.uk/when-someone-dies)**.

- **Càite am faigh mi taic is mi a' caoidh?**

- o Tha e gu math duilich nuair a bhàsaicheas neach, ged as bith cuin a thachras e. Agus bidh sin nas cruaidhe buileach dha feadhainn a tha a' caoidh làraichean falamh aig àm a' corona-bhìorais. Gheibhear fiosrachadh càite am faighear cobhair an seo agus aig **gov.uk/coronavirus-funeral-advice**

- **Ciamar a nì mi caoidh mura faigh mi gu tiodhlacadh?**

- o Faodaidh tiodhlacaidhean, no tòrraidhean air-loidhne, leabhraichean cuimhneachaidh, no tachartasan-cuimhneachaidh aig amannan eile a bhi nan cuideachadh dhan fheadhainn nach fhaigh ann aig an àm seo. Gheibhear molaidhean eile tron leabhran seo.

Na dh'fheumas tachairt ma bhàsaicheas neach

1. Am bàs a chlàradh

Mura co-dhùin coranair am bàs a rannsachadh, feumar bàs a' chlàradh le neach-clàraidh air breith, pòsadh is bàs am broinn 5 là.

Son fiosrachadh fhaighinn ciamar a chlàras sibh bàs aig àm a' corona-bhìorais, cuiribh fios gun neach-clàraidh. Gheibhear fiosrachadh gus oifis neach-clàraidh a lorg aig **gov.uk/register-a-death**.

Dh'fhaodadh gun do chuir an dotair a dheasaich teisteanas meidigeach a' bhàis am fiosrachadh agaibh gun neach-clàraidh gus an cuireadh iad cùisean air dòigh gus am bàs a chlàraidh gu h-oifigeil. Ach is dòcha gum bi sibh airson fios a chuir gu oifis an neach-clàraidh gus cùisean a chuir air dòigh son an tiodhlacaidh.

Aig an àm seo, is an corona-bhìoras a' dol, bheir an neach-clàraidh teisteanais son corp a thiodhlacadh no a losgadh dhan ùghdarras son tòrradh is dhan adhlacar. Innsidh an t-adhlacair dhuibh mu dheidhinn bileagan is pàipearan eile a bhios a dhìth mus tèid an tòrradh no an losgadh air adhart.

Faodaidh an neach-clàraidh leth-bhreacan eile den teisteanas bàis a thoirt dhuibh ma dh'fheumas sibh iad son oighreachd is an leithid.

2. An tiodhlacadh a chuir air dòigh

Tha tòrraidhean fhathast a' dol aig àm a' chorona-bhìorais. Tha luchd-adhlacaidh is ionadan-losgaidh fhathast ag obair agus tha na goireasan aca fosgailte.

Gus am bithear cinnteach gum faigh luchd-adhlacaidh air cumail a' dol le na h-àireamhan àrda de dhaoine a tha a' bàsachadh tha e air leth riatanach **nach bi dàil ann a thaobh daoine a thiodhlacadh**. Tuigidh sinn cho duilich is a tha seo dhuibh, ach leanaidh na riaghailtean a tha a' dol an-dràsta **son greis mhath fhathast** son sàbhailteachd nan uile.

Bidh tiodhlacadh ann, mar as trice, as dèidh do bhàs a bhi air a chlàradh. Cleachdaidh a' mhòr-chuid luchd-adhlacaidh ged a dh'fhaodas sibh fhèin tiodhlacadh a dhèanamh ma thathas ag iarraidh (faicibh **naturaldeath.org.uk/** gus stiùireadh fhaighinn ciamar a nì sibh tiodhlacadh). Faodaidh sibh fios a chuir air a' chomhairle ionadail no comann cladh gus am fiosrachadh fhaotainn.

Ma tha sibh a' cleachdadh luchd-adhlacaidh, faodaidh sibh feadhainn a thaghadh aig am bheil ballrachd anns na buidhnean a leanas:

1. Comann Nàiseanta an Luchd-Adhlacaidh (National Association of Funeral Directors)
2. Comann Nàiseanta an Luchd-Adhlacaidh Ceangailte is Neo-eisimeileach (National Society of Allied and Independent Funeral Directors (SAIF))

Chan eil uallach sam bith adhlacair àraid a chleachdadh, faodaidh sibh a dhol gu grunnan dhiubh gus fios fhaighinn mu sheirbheisean is prìsean.

Bidh cuid de chomhairlean iad fhèin a' ruith seirbheisean adhlacaidh. Son fiosrachadh fhaighinn mu thiodhlacadh nach eil ceangailte ri creideamh sam bith, faodar fios a chuir gu na buidhnean British Humanist Association no Institute of Civil Funerals.

Ma chleachdas sibh luchd-adhlacaidh, togar an corp agus bheirear e gu taigh-tòraidh. Le suidheachadh a' chorona-bhìorais **is dòcha nach fhaodar a dhol gun taigh-tòraidh aig an àm seo**. Bu chòir dhuibh stiùireadh bhon chomhairle no an luchd-adhlacaidh a leantainn.

Thathas a' comhairleachadh **gun beantainn ris a' chorp no a dhol ro fhaig air**. Ma bhios cleachdaidhean creideimh agaibh a bhios a' ciallachadh gun fheum sibh a dhol faisg air a' chorp **cha bu chòir ach**

feadhainn le èideadh no uidheaman-dion sònraichte (PPE) beantainn ris a' chorp agus sin fo stiùireadh neach a tha eòlach air uidheamachd-dion a chleachdadh. Faodar bruidhinn ris an neach-adhlacaidh mu dheidhinn a dhol dhan taigh-tòrraidh gus an corp a nighe, aodach a chuir uime, no cleachdadh creideimh sam bith eile. Ach **is dòcha nach bi cothrom ann a dhol dhan togalach**. Innsidh eaglaisean is buidhnean creideimh coimhearsnachd dè a ghabhas a dhèanamh.

3. Innsibh dha na h-ùghdarrasan mun bhàs

Tha an t-seirbheis Tell us Once (Innis Dhuinn Aon Turas) a' cuideachadh gus innse dha riaghaltas ionadail is nàiseanta agus seirbheisean peinnsean poblach nuair a bhàsaicheas neach. Bheir an neach-clàraidh àireamh fiosrachaidh sònraichte dhuibh nuair a chlàras sibh am bàs no a gheibh sibh an teisteanas, cleachdar an t-àireamh sin air am fòn no air loidhne. Son tuilleadh fiosrachaidh thigibh gu **gov.uk/tell-us-once**.

Feumar fios air leth a chuir gu bancaichean, seirbhisean samhail dealain, luchd-sealbh, is comainn taigheadas.

Is dòcha nach fhaigh sibh air an seirbheis Tell us Once a chleachdadh anns na suidhichidhean a leanas:

- Mura cleachd an t-oifis clàraidh ionadail agaibh Tell us Once
- Ma bhàsaich an neach thall-thairis **far nach eil Tell us Once ri fhaotainn**
- Ma tha e duilich dhuibh seirbheisean air-loidhne a chleachdadh

Ma tha e ro duilich dhuibh Tell us Once a chleachdadh is dòcha gun fheum sibh a dhol gu buidhnean fa leth. Seo cuid dhiubh:

- Oifis nan Cìs (HMRC)
- Oifis an Àrachais Nàiseanta (National Insurance)
- Oifis Taic Chloinne (Child Benefit)
- Oifis Taic Chìse (Tax Credit Office)
- Roinn na h-Obrach is nam Peinnsean (DWP)
- Oifis Peinnsean nam Feachdan (Pension Tracing Service/Veterans UK)
- Roinn Clàradh nan Carbad (DVLA)

4. Ullachadh son an tiodhlacaidh

Bu chòir coimhearsnachdan, buidhnean is daoine gach oidhirp a dhèanamh gus nach sgaoil galar a' chورونا-bhìorais am measg feadhainn a thig gu tòrradh. Bu chòir oidhirp sònraichte a dhèanamh son a bhi dìon feadhainn a dh'fhaodadh a bhi dualtach fulang le droch thinneas. Sin oidhirpean samhail:

- Cho beag sluagh is a ghabhas a bhi aig an tòrradh gus am faod iad astar co-dhiù **dà mheatair** (sia troighean) a chumail eatorra. A-bharrachd air an luchd-adhlacaidh cha bu chòir ach na leanas a bhi an làthair:
 - o Muinntir taighe an neach a chaochail
 - o An teaghlach is dlùth-chàraidean suas don àireamh a tha ceadaichte.
- Bheir **leud is suidheachadh àite a tiodhlacaidh** buaidh air cia mheud neach a bhios an làthair agus iad a' leantainn riaghailtean astar sòisealta, ach bu chòir dha na h-àireamh a bhi cho ìosal is a ghabhas. Faodaidh stiùirichean riaghailtean òrdachadh agus innsidh iad cia mheud neach a dh'fhaodas a thighinn ann. Bu chòir dhuibh na riaghailtean a leantainn.
- Bu chòir luchd-caoidh cumail ris a' chomhairle mu dheidhinn **làmhnan a nighe** agus stad a chuir air an galar a bhi a' sgaoileadh.
- Bu chòir cumail ris a' chomhairle a thaobh **astar sòisealta nuair bhios daoine a' siubhal dhan tiodhlacadh agus air ais.**
- A thaobh luchd-caoidha **tha gan cumail fhèin air leth son 14 là** air sgàth corona-bhìoras a bhi san dachaidh aca ach nach eil iad fhèin a' fulang leis an tinneas **bu chòir leigeil leo a bhi aig an tiodhlacadh** ma thoilleanas iad fhad is a nithear gach dìcheall gus nach sgaoil an galar.
- Bu chòir leigeil le luchd-caoidh **a tha ann an cunnart bhon chورونا-bhìorais a thighinn don tòrradh**, fhad is a nithear gach dìcheall gus nach sgaoil an galar.
- Cha bu chòir luchd-caoidh **a tha iad fhèin le coltas a' chورونا-bhìoras (sìor-chasadaich as ùr, no iad a faireachdainn teth) orra fhèin a dhol don tiodhlacadh idir** tha iad fhèin nan cunnart do chàch. Bu chòir beachdachadh air caoidh a dhèanamh aig astar.

Is iomadh teaghlach a tha a' beachdachadh **air tachartasan-cuimhneachaidh a chumail aig amannan eile no air-loidhne** gus leigeil le càch a thighinn gu tachartas caoidh. Faodaidh leabhraichean co-fhaireachdainn a bhi na cuideachadh cuideachd. Faodaidh e a bhi na chuideachadh do luchd-bròn gum bi iad an sàs anns an leithid ged nach fhaigheadh iad gu tòrradh àbhaisteach.

Bu chòir sùil a thoirt air stiùireadh an riaghaltais mu shiubhail is astar sòisealta. Faodar **taighean-òsta** a chleachdadh far am biodh e duilich tilleadh dhachaigh.

Gheibhear a' chomhairle as ùire bho ùghdarrasan ionadail, luchd-adhlacaidh, ceannardan-creideimh no **GOV.UK**.

5. Gnothaichean oighreachd

Is dòcha gun fheumar dèiligeadh ri tiomnadh, ionmhas is sealbh an neach a chaochail mas e dlùth-charaid no ball teaghlach a bhàsaich, no mas sibh neach-cùraim an tiomnaidh.

Is dòcha gun fheum sibh ùghdarras laghail fhaighinn son dèiligeadh ri oighreachd an neach a bhàsaich. Gheibhear barrachd fiosrachaidh aig gov.uk/applying-for-probate.

Mar pàirt den seo, feumar ionmhas, sealbh is maoin (oighreachd) an neach a chaochail a mheas. Feumar trì rudan a dhèanamh gus an oighreachd a mheas Feumar trì rudan a dhèanamh gus an oighreachd a mheas:

1. Cuiribh fios gu samhail bancaichean no seirbheisean mar dealain mu mhaoin is fiachan an neach a chaochail.
2. Tomhais luach na h-oighreachd. Bheir seo buaidh air mar a dh'innseas sibh mun luach dha Oifis nan Cìs agus na cinn-là son aithris is pàigheadh cìsean oighreachd. Cha bhuail cìsean air a' mhòr-chuid de dh'oighreachdan.
3. Innsibh an luach dha Oifis nan Cìs (HMRC).

Gheibhear barrachd fiosrachaidh aig

gov.uk/valuing-estate-of-someone-who-died

Feumar cuideachd clàran sealbh is taigheadas ùrachadh:

- Ma bhàsaicheas co-shealbhadair
 - o Nuair a bhàsaicheas co-shealbhadair, lionaibh bileag DJP gus an ainm a thoirt a-mach às a’ chlàr.
 - o Cuiribh a’ bhileag gu Oifis Clàradh a Fhearainn le leth-bhreas oifigeil den teisteanas-bàis.
- Ma bhàsaicheas an aon neach aig am bheil sealbh tha an taigh no fearainn a’ dol gu neach eile:
 - o An neach a dham bheil an oighreachd a’ dol (an t-oighre)
 - o Neach eile, mar eisimpleir an neach a cheannaicheas an taigh

Gheibhear barrachd fiosrachaidh an seo:

www.gov.uk/update-property-records-someone-dies

Bàsan a tha gan aithris dha coronair

Faodaidh dotair bàs aithris dha coronair air sgàth sreath adhbhairean, mar:

- Chan eil fios dè a dh’adhbhraich am bàs
- Bha fòirneart no gnothaich mì-àbhaisteach mun tachartas
- Bha am bàs obann no gun mhineachadh

Faodaidh coronair rannsachadh bàsmhor iarraidh gus faighinn a-mach ciamar a bhàsaich neach. Gabhaidh seo a dhèanamh ann an ospadal no marbh-linn poblach. As dèidh an rannsachaidh, ma leigeas neach an corp air falbh gun tuilleadh rannsachaidh, cuiridh an coronair bileag (“Bileag Phinc - bileag 100B”) don neach-clàraidh a’ mìneachadh adhbhair a’ bhàis. Cuiridh an coronair “Teisteanais Choronair – Bileag Losgadh-Chuirp 6” dhan ùghdarras losgadh-chuirp ma bhios an corp ga losgadh no Òrdugh Choronair Adhlacaidh ma bhios an corp ga adhlacadh. Faodar am bàs a chlàradh an uairsin agus gheibhear leth-bhreas den teisteanas-bàis.

Feumaidh an coronair rannsachadh-bàis a chumail ma tha adhbhar a’ bhàis neo-aithnichte, no ma tha amharas ann gun robh fòirneart no càil mì-nàdarrach mun tachartas, no ma bha am bàs ann am prìosan no fo smachd nam poileas.

- Cha ghabh bàs a chlàradh gu as dèidh an rannsachaidh.
- Faodaidh an coronair teisteanas-bàis eadar-amail a thoirt seachad gus dearbhadh gun do bhàsaich an neach. Faodar seo a chleachdadh gus innse dha buidhnean mun bhàs agus gus tagradh a bhi na neach-cùraim tiomnaidh.
- Aon uair is gu bheil an rannsachadh seachad innsidh an coronair dhan neach-clàraidh dè bu chòir a sgrìobhadh anns a' chlàr.

Taic ann am bròn

Tha e an còmhnaidh anabarrach duilich nuair a bhàsaicheas caraid no neach anns an teaghlach. Bidh sin nas tàmailtiche buileach dhan fheadhainn a tha a' fulang aig àm a' chorona-bhìorais.

Cuiridh am buile fhèin daoine troimhe-chèile. Ach nì riaghailtean an astarachaidh sòisealta an suidheachadh nas tùrsach le nach fhaod daoine an luchd-dàimh a chuir air falbh mar a lùigeadh iad. Bidh seo gu h-àraid cruaidh dha feadhainn a tha nan aonar, ach chan fhaigh iad air ceangal ri daoine anns na dòighean àbhaisteach.

Dh'fhaodadh gum bi a' chomhairle gu h-ìosal na chuideachadh gus dèiligeadh ris a' bhròn:

Bu chòir dhuibh

- Bithibh cinnteach gu bheil tìde gu leòr agaibh son a bhi a' cadal ceart (tìde gu leòr), leigibh ur n-anail, agus ithibh ceart.
- Innsibh dè a tha dhìth oirbh.
- Bruidhnibh ri daoine a tha faisg oirbh. Cha ruig sibh an leas a h-uile càil innse, ach cha chuidich e sibh a bhi sàmhach.
- Gabhaibh air ur socair ma tha sibh a' draibheadh no a' siubhal, tha tubaistean nas bitheanta as dèidh tàmailt.
- Lùghdaichibh na h-oirbh de uallaichean agus na gabhaibh dleastanasan a bharrachd.
- Theirigibh gu àite far a bheil sibh a' faireachdainn tèarainte agus beachdaichibh gu solt air mar a thachair. Ach na biodh cuideam oirbh a dhèanamh ma sibh a' faireachdainn ro throimhe-chèile aig an àm seo.

Cha bu chòir dhuibh

- Na faireachdainnean a chumail annaibh fhèin. Smaoinichibh am biodh e na chuideachadh bruidhinn man deidhinn le cuideigin a tha eòlach oirbh. Is dòcha nach fhalbh na cuimhneachain cho luath.
- Smaoineachadh gu bheil nàire air choireigin an cois nam faireachdainnean agaibh fhèin no aig càch. Tha iad nàdarrach gu leòr as dèidh tàmailt.
- A bhi a’ seachnadh daoine air am bheil sibh eòlach.

Tha grunnan seirbheisean is buidhnean a chuidicheas leibh fhèin is leis an teaghlach agaibh aig àm call, nam measg:

- Faighibh seirbheisean comhairle ionadail dha feadhainn a tha ri bròn.
 - o **[gov.uk/find-bereavement-services-from-council](https://www.gov.uk/find-bereavement-services-from-council)**
- Fios is taic bròin bho Sheirbheis na Slàinte (NHS).
 - o **[nhs.uk/conditions/stress-anxiety-depression/coping-with-bereavement/](https://www.nhs.uk/conditions/stress-anxiety-depression/coping-with-bereavement/)**
- Stiùireadh mu bhròn bhon riaghaltas.
 - o **[gov.uk/after-a-death](https://www.gov.uk/after-a-death)**
- Tha goireasan aig a’ bhuidhinn Cruse Bereavement Care mu bhuidh a’chorona-bhìoras air call is bròn is mar a bheirear taic dha clann.
 - o **[cruse.org.uk/get-help/coronavirus-dealing-bereavement-and-grief](https://www.cruse.org.uk/get-help/coronavirus-dealing-bereavement-and-grief)**
 - o **[cruse.org.uk/coronavirus/children-and-young-people](https://www.cruse.org.uk/coronavirus/children-and-young-people)**
 - o Fònaibh 0808 808 1677
- Tha comhairle is seirbhisean aig a’ bhuidhinn At a Loss air feadh Bhreatainn, a-bharrachd air comhairle bròin air-loidhne.
 - o **[ataloss.org](https://www.ataloss.org)**

- Bheir a’ bhuidheann the Compassionate Friends taic as dèidh call leanabh aig aois agus son adhbhar sam bith.
 - o **tcf.org.uk**
 - o Fònaibh 0345 123 2304
- Tha fiosrachadh is ceanglaichean aig a’ bhuidhinn Childhood Bereavement Network mu bhuidhnean taic nàiseanta is ionadail.
 - o **childhoodbereavementnetwork.org.uk**
- Gheibhear taic LGBT bho:
 - o Seirbheis LGBT+ a dh'èisteachas air am fòn post-d is teachdaireachdan-luath **switchboard.lgbt**
 - o MindOut - riochdachadh is taic air-loidhne gus cuideachadh le slàinte inntinn is soirbheas coimhearsnachdan LGBTQ. **mindout.org.uk**
 - o London Friend - a’ toirt seachad taic slàinte inntinn, taic bho dhaoine eile air-loidhne, comhairle bhideo, agus planaichean gus trioblaidean mòra inntinn a sheachnadh. **londonfriend.org.uk**
 - o LGBT Foundation - comhairle is taicean càirdeil agus loidhne-fòn taic. **lgbt.foundation**
- Gheibhear cuideachadh dha meanbh-slòigh BAME:
 - o Faodar goireasan BAME air-loidhne a bhi aig a’ chomhairle ionadail.
 - o Luchd-taic BAME a bhios rim faotainn bhon t-seirbhis a thaghas sibh.
 - o The BAATN (Black, African and Asian Therapy Network) a tha a’ riochdachadh buidhne mòir de luchd-taic comhairle is eòlaichean inntinn BAME: feadhainn le dualchas Dubh, Afraganach, Àisianach, is Caraibeach ann am Breatainn. Cuimhnichibh gu bheil cosgais an lùib seo. **baatn.org.uk** | 020 3600 0712

Cuiribh fios aig an dotair agaibh no NHS111 mu chomharran ro-uallaich, trom-inntinn no ciùrradh-inntinn. Gheibhear taic a-bharrachd tro NHS Choices (**NHS.uk**) no cuiribh fòn gu na Samaratanaich air 08457 90 90 90.

Tha an stiùireadh seo dha Sasainn. Tha taic cuideachd ri fhaotainn ann an Alba, Èirinn a Tuath agus anns a' Chuimrigh.